

Blair. 431

CHRIST IS ALL.

IS E CRIOSD NA H-UILE.

LE

HORATIUS BONAR, D.D.

EADAR-THEANGAICHTE GU GAELIG.

EDINBURGH:
MACLACHLAN AND STEWART,
64 SOUTH BRIDGE.



E. S. Murray
CHRIST IS ALL.

IS E CRIOSD NA H-UILE.

LE

HORATIUS BONAR, D.D.

—
EADAR-THEANGAICHTE GU GAELIG.
—

EDINBURGH:
MACLACHLAN AND STEWART,
64 SOUTH BRIDGE.

LIBRARY
D
30 MY
1930

IS E CRIOSD NA H-UILE.

Is e CRIOSD tiodhlac an Athar do pheacaich: “Is i so an fhianuis, gu’n tug Dia dhuinn a’ bheatha mhaireannach; agus tha a’ bheatha so ’n a Mhac.”—1 EOIN 5. 11.

SIN anis TIODHLAC an Athar, agus fianuis an Athar dhuinn-ne mu thimchioll an tiodhlaic. Is cìnnteach nach ruigear a leas a ràdh, gu’m bheil “an fhianuis so fìor.” Tha fios againn gu’m bheil a bhriathran dileas agus fìrinneach. Tha Esan a’ labhairt nan nithe sin a’s aithne dhà, agus is còir *dhuinn-ne* na nithe a ta Esan a’ labhairt a chreidsinn. Creididh agus gabhaidh sinn fianuis duine, agus nach creid sinn fianuis Dhé? Nach ’eil fianuis *Dhé* cho airidh air a chreidsinn ri fianuis *duine*? Nach ’eil focal Dhé cho cìnnteach ri focal duine? “Ma ghabhas sinn ri fianuis dhaoine, ’s i fianuis Dhé a’s mò: oir is i so fianuis Dhé, a thug e mu thimchioll a Mhic. An tì a chreideas ann am Mac Dhé, tha’n fhianuis aige ann-féin: an tì nach creid Dia, rinn e bréugaire dheth, do bhrìgh nach do chreid e an fhianuis a rinn Dia mu thimchioll a Mhic.” 1 *Eòin* 5. 9, 10. Cò matà, ameasg dhaoine bochd, ainniseach, a ghabhas air-féin, no do’n dàna, dearmad a dheanamh air an tiodhlac so, no cò a dhiùltas an fhianuis so a chreidsinn?

Is è Criosd a *tiodhlac féin* do pheacaich. Tha è 'g a thoirt féin *dhuinn*, cho maith 's a tha è 'g a thoirt féin *air ar son*. Faic è shuas air a' chrann-chéusaidh—crānn a mhaslaidh—agus an sin ag ràdh ruinn, “Seallaibh rium-sa agus bithibh air bhur teárnadh, uile iomalla na talmhainn.” *Isà.* 45. 22. Eisd arist a ghuth binn 'us è 'labhairt mar a' ghrian air aghaidh nan spéur, agus ag ràdh, “Is mise solus an t-saoghail : an tì a leanas mise, cha siubhail e 'an dorchadas, ach bithidh solus na beatha aige.” *Eòin* 8. 12. Tha è 'g a thoirt FEIN duinn ; cha n-è beannachdan àraid amhàin, ach *e-fein*. Tha è 'g a thoirt *féin* do'n duine thinn, do'n duine sgèth, do'n duine bhochd, do'n duine dhorch agus do'n duine bhrònach. Tha è 'g a thairgse *fein* mar an t-aon tiodhlac, agus ma ghabhas sinn è, saorar sinn o gach peacadh, uireasthuidh agus bròn. Gabh MISE, arsa Criosd, agus théid gach uile ni gu maith leat. O dhuine, an urrainn thusa an tiodhlac so a dhiùltadh, no tàir a dheanamh air an tiodhlac so a tha cho mòr, cho saor, cho féumail ?

Is è Criosd *tiodhlac an Spioraid Naoimh*, do pheacaich. Is ānn le làimh an Spioraid a tha an tiodhlac so air a nochdadh dhuinn agus air a shineadh d' ar n-ionnsuidh ! Is ānn le guth an Spioraid a tha an tiodhlac so air 'fhoillseachadh agus air 'innseadh dhuinn ? Tha'n Spiorad a' nochdadh Chrìosd do pheacaich, agus 'g a sparradh orra. Tha làmh, no cuid aig an Spiorad, mar-an-céudna, maille ri pearsaibh eile na Diadhachd ann an ullachadh 'us ann an nochdadh an tiodhlaic so. Is tiodhlac Criosd o ghràdh an Spioraid, cho cinnteach agus is tiodhlac è bbò ghràdh an Athar.

Na diùlt, matà, O dhuine, agus na cuir doilgheas air an Spiorad so, leis an tiodhlac so a thilgeil air falbh uait, no le dìmeas, no thair a dheanamh air a' ghràdh mhòr sin a ta 'g a chur h-ugad.

Is è Criosd, mar sin, tiodhlac na Diadhachd dhuinn-ne. Is è gràdh tri-fillte na Trìonaid a gheibhear anns an tiodhlac so. Agus cò is urrainn meud 'us mòrachd an tiodhlaic so innseadh,—tiodhlac a' teachd o chumbachd, no bho thaobar cho mòr? Cò is urrainn an gràdh a ta air 'fhilleadh ànn a thomhas, no meud a bheannachd a gheibh gach neach aig am bi è? Ach cò air an làimh eile is urrainn cionta agus truaighe na muinntir sin innseadh, a nì dìmeas air an tiodhlac, no aig am bi beag sùim do'n ghràdh?

Ach cia mòr meud a' pheacaidh sin nach gabhadh maitheadh a dh-easbhuidh tiodhlaic cho mòr? Cumamaid anis ar sùil gu seasmhach air *nàdur* an tiodhlaic so. Ann am beachdachadh air a luachmhorachd, féumaidh sinn cuimhne shoilleir a chumail air a *nàdur àraid*. Is gràdh è gun teagamh, gràdh air a labhairt, air a nochdadh agus air a thaomadh amach, ach cha bu leòr gràdh amhain airson coir a' pheacaich. Tha'n tiodhlac a' labhairt, 's ag innseadh gu'n do chuireadh bacadh air réis a' ghràidh, no gu'n robh an gràdh air amaladh 'n a chéum le *lagh* le *fìreantachd* agus le *cionta*; uime sin, ma bhitheas an tiodhlac air a dheanamh féumail, tarbhach do'n pheacach, is tiodhlac è a dh-fhéumas lagh a riarachadh, còrdadh ri fireantach, agus cionta 'thoirt air falbh le oibreachadh nan ceart nithe sin a bha roimhe 'seasamh an aghaidh toirt air falbh a' chionta; agus b'iad sin *lagh* 'us *fìreantachd*.

Tha nàdur an tiodhlaic ag innseadh dhuinn ciod è an seòrsa *cionta* sin a bha 'seasamh anns an rathad air a' ghràdh. Cha bu ghalar amhàin è aig an robh féum a bhi air a shlànachadh, no lot, no créuchd ag iarraidh a bhi air a ceangal suas, ach bu *chiont'* è a dh-fhéumadh a bhi air a thoirt air falbh le *lagh*. Dh-fhéumadh an lorg sin, matà, an tiodhlaic a bhi de nàdur ìobairt, obair ionaid, agus éirig. Sin amhàin na nithe a dheanadh féum. Agus mar sin, tha mòr mheud an tiodhlaic a' foillseachadh dhuinn cia mòr meud nà h-ìobairt a dh-fhéumadh a bhi air a tabhairt suas; mòr mheud an urrais a dh-fhéumas seasamh 'an àit a' pheacaich; agus mòr mheud a pheanais a bha ri phàidheadh. Seadh, tha è dìreach a' teagasg cia ro mhòr an lànachd uile a ta anns a' pheacadh, agus nàduir uamhasach a' *chionta* sin 'am fianuis Dhé, leis an d' rinn ar peacaidhean sinne a luchdachadh agus a cheangal.

Cia olc am peacadh, 'nuair, tha è cho duilich—cho doirbh—a thoirt air falbh! Cia mòr ciont' a' pheacaich, 'nuair a tha gràdh trì-fillte na Diadhachd—gràdh trì-fillte na Trìonaide glòrmhoir—air a chur amach, ag ullachadh tiodhlaic a ghlanas air falbh an *cionta* so. Ach cuimhnich so, ged bu mhòr an gràdh sin—an gràdh neo-chrìochnach sin uile—ged bu toileach, taitneach leis an Trionaid ghlòrmhor sinne 'bheannachadh, cha deanadh na bu lugha na bàs Chrìosd, Mac Dhé, an gnothach. Na'm b'urrainn a' *theachd-anns-an-fhèidil* amhàin an obair a dheanamh, an rachadh gràdh na b' fhaide agus an iarraidh è ni àraid eile a's mò na sin—nì 'bu luachmhoire, 'bu chosgaille agus a b' uamhasaiche na sin? Mur bitheadh

fèum air tuilleadh ach amhàin am Focal a bhi air a dheanamh 'n a fhòil, Carson a bha bàs maslach, searbh, mallaichte air 'fhulang? Is ann anns an “dòrtadh-fola,” ann an toirt beatha arson 'beatha, a chithear fìor nàdur comharraichte agus iongantach an tiodhlaic mar thiodhlaic anns am bheil 'n a nàdur féin, obair *laghail* air a corp-achadh, no air a filleadh, malairt staide air a deanamh eadar dà phàirtidh,—an neo-chiontach agus an ciontach,—malairt anns nach 'eil seadh no brìgh idir agus nach b'urrainn idir a bhi 'n a gnothach féumail eadar am fear-lagha agus an ciontach, mur bitheadh i air a deanamh iomlan, leis a' bhàs; oir “is è tuarasdal a' pheacaidh am bàs.”

Is dearbhadh iongantach air gràdh, tiodhlaic na Trionaid do pheacaich, agus cho cìnnteach sin, is dearbhadh è fòs air olc neo-chrìochnach a' pheacaidh,—dearbhadh, cha n-è mhàin gur galar puinnseanach am peacadh leis am bheil ar bith-ne air a thruailleadh agus ar dreach air a mhilleadh, ach *cionta*—cìont' uamhasach leis am bheil *lagh* agus *fìreantachd* air an deanamh 'n an naimhdean dhuinn-ne, agus an lorg sin féumar amharc air agus buntuinn ris a' chionta so, mar chùis lagha, agus cha n-urrainnear a thoirt air falbh, ach amhàin le obair leis an deanar lagh agus fìreantachd 'n an càirdean duinn-ne.

Ach seallamaid ri tiodhlaic sin a ghràidh, gràdh naomh agus fìreanneach. Thigeamaid gu Crìosd so Dhé. “Thugamaid fainear Ard-shagart ar n-aidmheil, Iosa Crìosd.”

Is e-féin an Crìosd; an t-Aon ùngta; air a lìonadh leis an Spiorad Naomh. So soitheach

naomh anns am bheil “gach uile iomlanachd :” Oir b’è deadh thoil an Athar, gu’n còmhnuicheadh gach uile iomlanachd *ànn-san Col. 1. 19.* Tha da nàdur anns an t-soitheach so,—nàdur Dhé agus nàdur an duine, nàdur neo-chriochnach agus criochnach. Tha nàdur Dhé ànn agus tha è neo-chriochnach chum mar sin gu’n gabhadh agus gu’n gleidheadh è uile lànachd Dhé. Tha è daonndach agus criochnach chum mar sin gu’m bitheadh è làn fhreagarrach air ar son-ne; agus gu’m faodadh è ’bhi air a shìneadh anuas a dh-ionnsuidh na talmhainn so, agus còmhnuidh a ghabhail maille ruinn. Agus mar sin gu’m ’faigheamaid uile às an lànachd so, agus gràs airson gràis. Tha ’n soitheach ànn-féin agus aréir a shuidheachaidh, làn shaor do na h-uile. Faodaidh gach neach, leis an àill, ruigheachd air na beannachdan a ta ànn, gun dol suas gu nèamh, no sìos gu doimhneachd na talmhainn. Faodaidh sinn, air gach uair, uisg a thoirt às an t-soitheach so, mar bheirear à fuaran, sruth, no tobar às am bheil teaghlaichean a’ faotuinn uisge gach là. Gheibh thu an cuireadh fialaidh so sgrìobhta air a cheànn : “Ge b’e neach leis an àill gabhadh e uisge na beatha gu saor.” *Taisb. 22. 17.* Tùm anis do chuman anns an tobar so, agus tarruinn uisg air do shon féin, cho pàilt agus cho tric ’s is àill leat. Na feòraich nì sam-bith mu do *chòir* air; ach bitheadh fios agad gu’m bheil è airson nam *féumnach*. Chì thu gur è d’ *fhéum* do *chòir* agus cha n-fhaighnichear dhìot mu *chòir* sam-bith eile.

Eisdeamaid ciod a tha Dia féin a’ labhairt mu thimchioll an tiodhlaic so, Criosd :—

1. *Is è Criosd* ar BEATHA. ANN-SAN tha beatha.

Eòin 1. 4. Cha 'tàinig Criosd amhàin a chum gu'm bitheadh againn beatha, ach a chum gu'm bitheadh ì againn ni's pailte.' Is ānn o Chriosd a ta ar beatha gu léir, o'n là 'thòisich ì mar "chaol smuid" anns an anam, gus an tig ì gu àrd iomlanachd anns an rìoghachd an déigh sin. Is è Criosd a sgriosas am bàs, agus is è nàmhuid an tì sin aig am bheil cumhachd a' bhàis. Tha è nis a' sìorchogadh an aghaidh a' bhàis a ta annainn-ne, agus 'g ar beothachadh anns gach bàll; togaidh è air falbh an dìteadh sin ris an abrar ar bàs *laghail*, agus spìonaidh è àsainn an naimhdeas sin a ta annainn an aghaidh Dhé, ris an abrar ar bàs *spioradail*. Tòisichidh agus cuiridh è air a h-aghaidh nuadh obair a bheir beatha dhuinn, obair nach b'urrainn làmh air-bith a dheanamh, ach làmh uile-chumhachdach. 'Sinne bha marbh ann an éuceartaibh agus ann am peacadh, beothaichidh è.' *Eph.* 2. 1. Is ann uaith-san a gheibhear a' bheatha-neartachaidh a's mò air an robh féum riamh aig na mairbh. Bheir è beatha gu pailt, agus is ì a' beatha sin a bheir è, a bheatha féin. Ni è sinne 'n ar luchd-compàirt de 'bheatha féin. Mar "aon air éirigh" o na mairbh, bheir è dhuinn cuid 'us còir ann an cumhachd 'us ann an beannachd aiseirigh a bheatha féin. Mar aon maille ris, théid sinn bàll-dìreach astigh a ghabhail seilbh air na h-uile nithibh a gheibhear ànn agus aige, mar "aon air éirigh."

2. *Is è Criosd ar FIREANTACHD.* 2 *Cor.* 5. 21 Air dhà na bhuineadh dhuinn-féin a thoirt uainn, bheir è dhuinn na bhuineas dà-féin. Air dhà gach uile ni bu dligheach dhuinn-ne mar *neofhìreanaibh* a ghabhail air-féin, bheir è dhuinn na

bha dligheach dhà-féin mar *fhìrean*. Dhuinn-ne tha è air a dheanamh 'n a "fhìreantachd." Is soilleir, drùighteach a tha *Iain Bunian* ag innseadh 'fhiosrachaidh féin air a' chùis so. "Là dhomh," ars' an Criosduidh mòr so, "ag imeachd astigh air achadh, agus smuaintean mòr air mo choguis, fo eagal nach robh gach nì fathast ceart 's an taobh-stigh; ann am mionaid thàinig na briathran so h-ugam, 'Tha d'fhìreantachd air nèamh;' agus thar leam gu'm faca mì, le sùilibh m' anama, Iosa Criosd air deas làimh Dhé,—an sin tha è, arsa mise, mar m' fhìreantachd-sa; ionnus, càit-air-bith an robh mise, no ciod-air-bith a bha mis' a' deanamh, cha n-abradh Dia rium, gu'n robh è 'g iarraidh m' fhìreantachd-sa, oir bha sin cheana dìreach 'n a làthair. Chunnaic mì fòs nach è deadh fhōnn mo chridhe féin, a rinn m' fhìreantachd na b'fheàrr, no droch fhōnn mo chridhe féin a dheanadh ì na's miosa, no ann am briathraibh eile, chunnaic mì nach b'urrainn m'fhìreantachd a bhi air a h-atharrachadh le fōnn, no staid mo chridhe féin; oir is è Criosda féin m' fhìreantachd-sa,—an t-aon Tì an dé, an diugh, agus gu sìorruidh. Is ānn anis a fhuair mì fuasgladh, oir gu dearbh thuit mo shlabhruidh dhìom. Chaidh mì dhachaidh a' deanamh gairdeachais ann an gràs 'us ann an gràdh Dhé. Mar sin, chunnaic mì, mar tha'n duine Iosa Criosd eadar-dhealaichte uainn do thaobh a làthaireachd chorparr, gur e-féin ar fhìreantachd agus ar naomhachadh am fianuis Dhé. An so, matà, bha mise beò glé mhilis ann an sìth ri Dia tre Chriosd. Hò ! arsa mise, Criosd, Criosd féin !—cha robh nì ach Criosd fa chomhair mo shùilean."

Tha diadhair mòr eile, *Dr Crummacher*, a' labhairt mar a leanas, air an fhìreantachd chìnnteach so a ta againn ann am Mac Dhé. "Sheas," ars' an diadhair so, "Criosd ann ar n-àit o'n chreathall gus an uaigh. Tha so air a theagasg dhuinn leis a' Bhìobull na's soilleire na nì sam-bith eile. Ghabh è air-féin ar peacaidhean agus na fiachan fo'n robh sinne. Gach nì a rinn esan, rinn sinne; Gach nì a dh'fhuilig è, dh'fhuilig sinne. An déigh dhà gach uile fhìreantachd a cho-lionadh,—seadh matà, an déigh dhuinn-ne mar sin a co-lionadh *ànn-san*, agus an déigh dhà cupan 'na feirge ri teachd' a làn-òl, a thìormachadh o ghrùnd, air ar son-ne agus ann ar n-àit, eadhon gu ruig na deisgeanan, an sin phill è air ais fo chaithream 'us fo ghàirdeachas nan nèamhan uile, arist a dh-ionnsuidh an ionaid sin às an tàinig è mach. Agus ciod is dreuchd dhà nis air nèamh? Tha'n Sgriobtuir ag ràdh gu'm 'bheil è air nèamh, air a nochdadh ann am fianuis Dhé air ar son-ne.' *Eabh. 9. 24.* An sin tha é 'g a nochdadh féin agus a lotan glòrmhor do'n Athair, a lotan 'us 'àiltean mar dhearbhadh air an làn ùmhlachd a thug è—ùmhlachd anabarrach mòr; an sin tha è 'n a mhaise 'g a thairgse féin do'n Athair, agus a' seasamh gun eagal 'n a làthair. Agus tha'n t-Athair ag amharc air leis an deadh-ghean a's mò, agus a' gabhail tlachd 'n a mhaise. Is è Criosd cuspair aoibhneis an Athar, agus air-san tha uile ghràs agus uile ghràdh an Athar a' dealrachadh gu làn. 'Is fìor sin,' their thu, 'B'esan, riamh agus anis, aoibhneas agus tlachd an Athar!' Glé chìnnteach, ach cha n-è nis am Focal 'a bha an toiseach maille ri Dia.' Tha e fòs anis mar an

dara Adhamh, mar Mhac an duine ‘mar cheànn d’a Eaglais féin,’ mar urras d’a shluagh saorta féin. Cha n-è mhàin gu’m bheil Criosd anis ’g a nochdadh féin an làthair an Athar, ach tha è aig an àm chéudna, a’ nochdadh a shluaigh,—a bhuill uile,—’n a làthair. Agus dìreach mar bha an cinne-daoine gu léir o shean, air am faicinn leis an Athair shìorruidh ann an aon neach—Adhamh, mar sin tha è nis a faicinn nan creidhmheach uile às gach ginealach, air an nochdadh fa chomhair a ghnùis ann an Iosa Criosd, an Ard Shagart coimhionta. Ann am pearsa Chriosd chì è ar pearsa-ne; ann an ùmhlachd Chriosd, chì è ar n-ùmhlachd-ne; ann am maise ’s ann an àillteachd Chriosd, chì è na buaidhean sin annainn-ne mar an-céudna ! agus mar tha gràdh, caoimhneas agus deadh-ghean Dhé air an sìneadh a dh-ionnsuidh Chriosd, sìnear iad sin aig an àm chéudna le Dia ann an Criosd, d’ar n-ionnsuidh-ne. Aréir sin theirear, anns an Sgrìobtuir, gu’m bheil gràdh Dhé d’a Chloinn féin an còmhnuidh mar ‘ghràdh ann an Iosa Criosd.’

“Sin, matà, an dòigh air am bheil Criosd a’ nochdadh a phobuill féin ann am fianuis an Athar; Ach cuimhnich so fathast, mar chùis fheumail, àraid, cha n-eil an t-Athair amhàin a’ beachdachadh òirnn-ne, a shluagh féin, mar mhuinntir a tha cho maiseach ris an Tì so a’s maisiche de chloinn nan daoine, ach mar mhuinntir a tha da rìreadh co-ionann ris ann am maise, no cho fìor mhaiseach ris, oir cho-lion Criosd gu dìomhair gach uile f’àireantachd ann ar n-àit-ne. Ach gabh an aire nach tog thu a’ chùis so gu feòlmhor; na abair ùlir nach robh, no nach ’eil fios aig Dia gur

créutairean truagh sinne, mar tha sinn fathast annainn-féin. Gun teagamh tha fios aige air sin, agus air an aobhar sin, tilgidh è sinn anns an teine,—amhghar 'us trioblaid—anns am bheil àireamh cho lionmhor dhìnn fathast ri gearan, caoidh 'us osnaich an so air thalamh. So an teine-glanaidh tre'm bheil Dia anis 'g ar treòrachadh. Bheir è breth 'us binn òirnn, ach cha n-ànn idir aréir mar tha sinn annainn-féin, ach aréir mar tha sinn anns an Aon fhìor ionmhuinn—Criosd. Tha gràdh do-labhairt aige dhuinn, ged chithear sinn fo iomadh lag-chuis agus peacadh a ta fathast a' dlù-leantuinn ruinn. Mar sin cha ghabh è casaid, no dìteadh air-bith tuilleadh ann ar n-aghaidh; agus an uair a chluinneas sinn ar Slànuighear ag ràdh, ' Mar ghràdhaich an t-Athair mise, mar sin ghràdhaich mise sibhse,' carson a bhiodh iongant-as idir òirnn, air dhuinn fios a bhi againn gur ' aon Criosd agus sinne ann am fianuis Dhé' !"

3. *Is è Criosd ar sìth.* Eph. 2. 14. Thug è às an rathad an nì sin a bhris ar sìth-ne, a dh'fhàg sinn gun sìth, agus a dh'fhàg è neo-chomasach do'n t-sìth sin pilleadh arist d'ar n-ionnsuidh. Ach mar fhear-deanamh-na-sìthe air 'òrduchadh le Dia, ni Criosd réite eadar Dia agus sinne; agus le sin a dheanamh ann an sligh na fireantachd, sìthichidh è ar coguisean, ionnus nach bi aobhar againn a bhi mì-thoilichte, no fo eagal. Is è ar sìth a chionn gu'n tugadh air falbh gach aobhar aisith leis an obair a chrìochnaich è air a' chrann-chéusaidh. Rinn è sìth "tre fhuil a chroinn-cheusaidh-san." Col. 1. 20. Is è sìth a mhealtuinn, an crann-céusaidh sin 'fhaicinn, agus fios a bhi againn air brìgh na h-ìobairt-foila sin a tha

'sruthadh uaith. Cho fìor 's a tha Criosd a' tabh-airt sìth' dhuinn, is e-féin ar sìth; ionnus gur sìth, eòlas air,—sìth do'n anam a's ciontaiche agus a's goirte buaireadh. Is buaireadh do neach, eòlas air-féin mar pheacach; ach sìthichear è agus nithear aoibhneach è, le eòlas air Criosd. Cuiridh eòlas air a' pheacadh, uamhas air neach, ach bheir eòlas air Criosd sìth, agus tilgidh è air falbh gach uamhas.

4. *Is è Criosd ar SOLUS.* *Eòin* 1. 4, 9. Is dorchadas am peacadh, agus is dorchadas cionta. Trid iad sin rìghich dorchadas annainn-ne. Aon uair bu dorchadas sibh, ars' an t-Abstol; ach air do Chriosd teachd "'n a sholus chum an t-saoghail," (*Eoin* 12. 46,)—seadh, "solus an t-saoghail," (*Eoin* 8. 12,)—seadh, "Grian na fireantachd," cha n-'eil leisgeul aig ar dorchadas, cha n-'eil aobhar againn a bhi ann an dorchadas na's fhaide. Is e-féin an solus—an solus sin a sgapas ar dorchadas. Is solus è, agus an solus a thig h-ugainn air an dòigh a's feàrr agus a's freagarr-ai-che chum na "neòil thiugh" a sguabadh air falbh, agus gach neul gruamach a chasgadh o theachd arìst. Tha Criosd mar sholus a' teachd h-ugainn, agus a' foillseachadh an Athar dhuinn, agus is ESAN an solus agus ANN-SAN cha n-'eil dorchadas air-bith. Tha è 'teachd agus a' foillseachadh gràdh an Athar dhuinn, agus is solus sin; oir is solus do'n anam eòlas air gràdh Dhé, ach is bròn agus dorchadas dhà eòlas air corruich Dhé. Foillsichidh Criosd gnùis an Athar dhuinn; togaidh è òirnn solus a ghnùis; agus bheir è air falbh gach uile ni, seadh gach dorchadas, a dh-fhaodas seasamh eadar sinne agus a' ghnùis

sin; agus an déigh sin dealraichidh gnùis Dhé òirnn agus annainn, gu làn, soilleir, slàinteil, aoibhneach. ‘Amhaircidh sinn air, agus soillsichear sinn; cuirear solus eadhon eòlas ’s an taobh-stigh dhinn. *Salm* 34. 5. Foillsichear, misnichear agus nithear aoibhneach, ait sinn leis gach nì a chithear ANN-SAN; tilgear amach gach eagal, togar suas agus neartaichear ar creidimh agus ar muinighin gu taitneach; seadh le *amharc air-san* teichidh ar dorchadas, agus tionndaidhear ar bròn gu gàirdeachas. Bithidh an Tì sin a’s è “solus an t-saoghail” ’n a sholus dhuinne, ’nuair a shuidhicheas sinn ar sùil air agus a leigeas sinn leis an t-solus taomadh astigh air ar cridheachan.

Eisd *Iain Bunian*, tha è ’g ràdh, “So mo bheatha-sa,—eadhon breith an aon duine so, fuil an duine so, bàs agus aiseirigh an duine so, dol-suas agus eadar-ghuidhe an duine so air mo shon,—agus dara teachd an duine so a thoirt breith air an t-saoghal ann am fireantachd. Tha mis’ ag ràdh, is è so mo bheatha-sa;—ma chì mi so tre chreidimh air an taobh-muigh dhomh agus tre oibreachadh an Spioraid ’s an taobh-stigh dhìom, tha mì sàbhailt, tha sìth agam, tha sòlas agam, tha misneachd agam,—agus tha fios agam gu’m bheil mo shòlas, mo shìth, agus mo mhisneachd fìor chìnnteach, agus air an tabhairt dhomh o nèamh le Athair nan tràcair, tre Mhac na h-Oigh’ Muire, Mac an duine, Mac Dhé, an Dia fìor.”

5. *Is è Criosd ar GLIOCAS*: “Ann-san tha uile ionmhais a’ ghliocais agus an eòlais folaichte.” *Col.* 2. 3. ‘Tha è air a dheanamh dhuinne-ne ’n

a ghliocas. 1 *Cor.* 1. 30. Is è “gliocas Dhé.” 1 *Cor.* 1. 24. Tha sinn “glic ann an Criosd.” 1 *Cor.* 4. 10. Gheibh sinne saobhreas a ghliocais uile, oir tha sin ann-san *air ar son-ne*. Is e-féin a theagaisgeas sinn agus mar sin is è ar gliocas. Foillsichidh sè e-féin, agus mar sin is è ar gliocas. Bheir è dhuinn pailteas amach á lànachd na firinn nèamhaidh a ta ànn-féin, agus mar sin is è ar gliocas. Ann an smuaineachadh air-féin—air a phearsa, air a nàdur, air ’oibribh,—gheibh sinn tuilleadh gliocais, mìle cuairt na’s mò na gheibhear le làn fhios air gach eòlas talmhaidh. Ann-san gheibhear gach uile nì leis an deanar duine ’n a dhuine *glic*. Tha Dia ag ràdh ruinn “Faigh gliocas,” agus is è brìgh nam briathran sin, “Faigh Criosd.” Faigh *esan* agus gheibh thu *smìor* a’ ghliocais uile; tòradh abùich gach craoibh eòlais; iomlanachd agus sùgh mìlis na firinn uile. Eòlas air Criosd, sin a bhi *glic*,—glic os-ceànn nan aosda gu léir, glic a chum slàinte, glic airson na sìorruidheachd.

6. *Is è Criosd ar NEART.* *Philip.* 4. 13. “Is urrainn mì na h-uile nithean a dheanamh, tre Chriosd a neartaicheas mì,” ars’ an t-abstol, dìreach mar tha aon de na fàidhean ag ràdh air àm eile, “Anns an Tighearn tha agam fireantachd agus neart.” *Isà.* 45, 24. ‘S i an eachdraidh againn-ne bho chian, a bhi “gun neart;” agus theirear air feadh nan Sgriobtuir, gu’m bheil sinn gun fhìreantachd, cho mòr ’s a tha sinn gun neart. Faic ciod a rinn am peacadh òirnn, cha n-è mhàin gu’n do lughdaich è ar neart, ach gheàrr e uainn è gu léir,—an duine gu h-iomlan air a bhualadh le tinneas lagachaidh, ionnus nach ’eil

neart ànn gu maith a dheanamh. Tha Dia a' leigheas so, ach cha n-ànn le sinn-féin a lìonadh às-ùr le neart annainn-féin,—no le neart a shuidh-eachadh 's an taobh-stigh dhinn, chum a ghnàth-achadh, 'nuair is àill leinn. Tha ar neart, mar tha ar beatha, folaichte ann an Criosd. Is è Criosd ar neart, agus is ànn amhain le bhi 'sior-iarraidh cobhair *uaith-san*, a nithear làidir sinn. Agus tha lànachd a neirt-san cho fagus dhuinn agus cho réidh dhuinn air gach uair, 'us ged a bhitheadh è 's an taobh-stigh dhinn-féin: Mar sin, cha n-'eil aobhar idir againn a ràdh, “Tha mì lag agus *cha n-urrainn* mì'dhol a dh-ionnsuidh Dhé,” na's mò na theireamaid, “Is peacach mì agus cha *dàna* dhomh a dhol d'a ionnsuidh.” Tha neart dhuinn ann an Criosd; carson, mata, a bhitheadh aon sam-bith, ciod-air-bith a staid, ann an éu-dòchas do thaobh a lag-chuis? Cha n-'eil aobhar idir air.

5. *Is è Criosd ar COMFHURTACHD—ar sòlas.* *Eòin* 14. 16. Ged is è an Spiorad Naomh “an Comhfhurtair,” is ànn amach á Criosd féin a dh-òlar a' chomhfhurtachd leis am bheil an Spiorad a' toirt sòlais do luchd a' bhròin. Is ann le saobhbreas do-rànnsaichte Chriosd 'fhosgladh suas dhuinn a tha è nis a' toirt comhfhurtachd dhuinn. Is è Criosd an tobar ás an toir an Spiorad deoch mhilis, phailt an t-sòlais, leis an dean è sinne ùrachadh agus ath-bheothachadh, 'nuair a bhith-eas sinn fànn, sgith. “Comhfhurtachd ann an Criosd;” ni-h-eadh, ach is è “Criosd féin ar comhfhurtachd.” Tha sin air 'fhoillseachadh dhuinn anns an t-soisgeul. Is ànn tre eòlas air-san a thòisich ar ceud chomhfhurtachd, 'nuair a

fhuair sinn a' cheud soillse de mhaitheanas; agus is ānn le sior-fhàs ann an eòlas AIR-SAN, a chumar suas, agus a nithear ar comhfhurtachd maireannach, ge b' oil leis na mìtibh uile a ta gun stad ag iarraidh a milleadh. Am an co-chomunn RIS-SAN, togar suas sinn gu h-iongantach o'n duslach. "Le conaltradh ris-san, dì-chuimhnichear gach cùram searbh;" gabhaidh bròn sgiathan dhà-féin agus teichidh è air falbh. Tha focail Chriosd 'g a fhoillseachadh FEIN dhuinn; agus ag ràdh, "Na bitheadh bhur cridhe fo thrioblaid, agus na bitheadh eagal oirbh; tha sibh a' creidsinn ann an Dia, creidibh annam-sa mar an ceudna."

8. *Is è Criosd ar DOCHAS.* 1 *Tim.* 1. 1. So an t-ainm a tha Pòl a' tabhairt DA; eadhon "AR dochas;" agus arist, "Is è Criosd annaibh-se, dòchas na glòire." *Col.* 1. 27. Cha n-abair sinne, mar theid cuid, gu'm bheil dòchas againn a bhi 'n ar cloinn dà; cha n-è sin idir dòchas an t-soisgeil. Ach air dhuinn a bhi cheana 'n ar cloinn dà tre chreidimh ann am fianuis an Athar m'a thimchioll-san, tha'n "dòchas cinnteach againn anns a' ghlòir ri teachd. Air dhuinn Criosd a bhi againn, tha'n dòchas againn,—dòchas nach nàraich. Ann-san tha ar dòchas ris an oighreachd ri teachd ar a phasgadh suas. Cha n-è ar deanadas féin ar dòchas. Cha n-è ar mothachadh, ar fiosrachadh, ar solus, no ar gràs féin, ar dòchas. Cha n-urrainn iad sin an t-sradag nèamhaidh a lasadh, no idir a chumail beò annainn. Is e Criosd, agus Criosd 'n a aonar, ar dòchas. Ann-san cha n-fhaicear dorchadas, no nì neo-chinnteach, no nì sam-bith a dh-àraicheas éu-dòchas. 'Nuair a chumas sinn ar sùil air-

san, beathaichear ar dòchas ; 'nuair a thogas sinn ar sùil air falbh uaith-san, a' smuaineachadh air ar gnìomhraibh agus air ar sealladh féin, sin an t-àm gu sinne 'bhualadh le éu-dòchas, dubbachas agus dorchadasinntinn.

Air dhuinn a chluinntinn, anns na briathraibh roimhe so, ciod a tha Dia ag ràdh mu'n tiodhlac so, éisdeamaid anis cuid de na nithibh a tha Dia féin a' labhairt mu thimchioll a' cho-cheangail sin a ta againn-ne ris an tiodhlac so,—an Criosd so :—

1. Tha Dia ag ràdh gu'm bheil sinn “ air ar freumhachadh ann-san—ann an Criosd. *Col. 2. 7.* Is è Criosd mar sin am fearann maith, agus is sinne na h-òg chraobhan. Is ànn astigh 's an talamh mbaith sin adh-fhéumas sinne ar freumhar a shìneadh. Do réir sin tha'n t-Abstol ag ràdh ann an àit eile, gu'm bheil sinn “ air ar freumhachadh ann an gràdh ;” (*Eph. 3. 17.*) mar gu'm b'è gràdh Chriosd dhuinn, an talamh maith anns am bheil sinn air ar “ freumhachadh.” Is mòr an dà fhìrinn sin, agus is fìor fheumail an làn chuimhneachadh. Ach gun teagamh sam-bith, is è 'tha so gu h-àraid a' teagasg dhuinn gur è *Criosd féin* an talamh maith anns am bheil ar freumhan air an suidheachadh. Is ànn tre chreidimh a tha sinn air tùs air ar “ freumhachadh” ànn-san. Tre chreidsinn ann am fianuis an Athar mu thimchioll Chriosd agus 'oibre tha sinn air ar “ freumhachadh” ànn ; oir is ann tre eòlas air an fhìrinn a ta gu soilleir ag innseadh mu thimchioll Chriosd, a bheirear sinne gu co-cheangal a bli againn ris. An neach a “ chreideas” ànn, tha è air a “ fhreumhachadh” ànn.

2. Tha Dia ag ràdh gu'm bheil sinn "air ar togail suas ànn-san." *Col.* 2. 7. Is aon fhìrinn so ris an fhìrinn 's an sgoiltean roimhe so, ach cha n-ionann an sàmhladh. An àit do Chrìosd a bhi air a shàmhlachadh ri deadh thalamh anns am freumhaichear sinn, gheibhear an so è air a chur fo ar comhair, mur chlach-stéidh air an togar suas sinne. An àit dhuinn a bhi mar ghéugan a' fàs amach á Crìosd, tha sinn, mar theirear, air ar "togail suas ànn," mar chithear clachan lìonmhor ann an tigh, no ann an teampull, clach os-cionn cloich', ag éirigh suas gu h-òrdail air uachdar na cloiche-stéidh. Is sinne an aitreabh, agus tha Crìosd a' giùlain a cothroim uile 'g a cumail suas, 'g a neartachadh, 'g a deanamh daingean, teànn anns gach bàll. Is ànn tre chreidimh,—tre chreidimh amhàin,—a gheibh sinn co-cheangal ri Crìosd, araon mar àit freumhachaidh agus mar chlach-stéidh dhuinn. Cha n-urrainn co-cheangal air-bith a bhi eadar anam gun chreidimh agus a' chlach-stéidh so. Aréir àn tomhais anns am buadhaich mi-chreidimh, lagaichear, lughdaichear, no brisear an co-cheangal so. Is ànn tre chreidimh a tha sinn air ar co-cheangal ri Crìosd air tùs, agus is ànn le làn-chreidsinn gun fhannachadh, no le gnàth-chreidsinn ann an Crìosd, a chumar suas an co-cheangal so, agus a théid an obair-thogail air a h-aghaidh. Is ann le suas-chumail a' cho-cheangail so a gheibhear còir agus taitneas anns gach nì a ta maith agus naomh agus fìor agus beannaichte.

3. Tha Dia ag ràdh gu'm bheil sinn air ar deanamh "taitneach ann an Crìosd,—taitneach ann a Mhac gràdhach." *Eph.* 1. 6. Is è sin tiodal

mòr nan naomh, agus uile Eaglais Dhé. Tha iad air an gràdhachadh air sgàth Aoin a ta air a ghràdhachadh agus, ànn-féin, ion-ghràdhach ann an tomhas neo-chrìochnach ! Gheibh iad deadh ghean an lorg an deadh-ghean a ta aig neach eile ! Amhaircear orra le Dia, gun sùim idir d'am fìreantachd féin, amhàin air sgàth fìreantachd ar Fir-ionaid. Is è sin matà, an seasamh cìnnteach anns am bheil gach peacach a chreideas, o'n cheart mhionaid air an do chreid è. Oir faodar a ràdh gu'm bheil è, cho luath 's a chréideas è, air a' mhionaid sin a' cäll a sheànn dreach féin,—ion-annachd féin,—agus air a làn-dheanamh mar aon ris an urras a ta aige, ionnus nach fhaic Dia ni sam-bith ànn, seach na chì è anns an urras. Is fìor thaitneach le Dia urras a' pheacaich, agus gheibh am peacach creideach beannachd an taitneis a tha aig Dia anns an urras,—gabhar ris mar neach eile,—mar gu'm b'è-féin am fìrean ud, tha è, ann an creidsinn, air a dheanamh mar aon ris, ann an sealladh an lagha, agus ann am fianuis Dhé.

4. Tha Dia ag ràdh gu'm bheil sinn "coimhlionta ànn-san," *Col. 2. 10.* Is Fear-ionaid cho iomlan dhuinn è, ionnus gu'm bheil gach olc, a gheibhear annainn, air a chòmhdach, no air a thoirt air falbh leis, agus gach òirdhearcais, a ta ann-san, a' teachd h-ugainn-ne, agus còir laghail againn air. Cha bhi sinn làn "choimhlionta" do thaobh ar gnìomhran, agus cha bhi làn shaorsa againn gus an tig là eile; ach tha ar coimhliontachd *laghail* againn riamh o'n mhionaid a chreid sinn—o'n uair a ghabh sinn ri Criosd. Tha Dia ag amharc òirnn mar mhuinntir aig am bheil na

h-uile nithe a ta aig a Mhac. Agus mar sin, geda tha sinne fathast glé mhi-choimhlionta annainn-féin, ann ar creidimh, ann ar gràdh; ann ar n-aithreachas, ann ar naomhachd, tha sinn “coimhlionta *ann-san*.” Mar is feàrr a thuingeas agus a ghabhas sinn an teagasg so—eadhon ar coimhliontachd ann an Aon eile—is ānn a’s doimhne agus a’s cìinntich’ a bhitheas ar sìth, is ānn a’s mò ar saorsa gu seirbhis a dheanamh, seadh bithidh ar saorsa cho làn ’s a thigeadh dhì—bithidh ar neart a chum saothair a’ sìor-fhàs—bithidh ar naomhachd a’ sìor-mheudachadh,—bithidh ar n-éud airson Chrìosd, agus a ghlòir’, a’ fàs dùrachdach, glan.

5. Tha Dia ag ràdh gu’m bheil sinn air ar “coimhead le Crìosd.” *Iùdas* 1. Is ānno cho-cheangal seasmhach a chumail ri Crìosd, a gheibh an t-anam a “choimhead” agus a “ghleidheadh” le Crìosd, dìreach mar gheibh è a shaoradh air tùs, oir ciod ì beatha gach aoin de na naoimh air thalamh, ach saoradh an déigh saoraidh, maith-eanas an déigh maith-eanais, am maith-eanas, a fhuaire an t-anam air tùs, air ’ath-nuadhachadh dhà gach là,—an t-aon ni maith ’g a thabhairt dà an còmhnuidh, fhad ’s a chumas è dlùth ghréim air Crìosd, tre bheò chreidimh. Is ānn mar sin, matà, a tha sinn air ar “gleidheadh,” no air ar “coimhead le Crìosd,” eadhon leis a’ cheart cho-cheangal sin a làn-chumail suas eadar sinn-féin agus Crìosd, a rinneadh eadarainn air tùs le cumhachd mòr an Spioraid Naoimh, ’nuair a thredraich è suas ar sùilean a dh-ionnsuidh a’ chruinn-chéusaidh, agus a dh’atharraich è ar mì-chreidimh gu creidimh, ar naimhdeas gu gràdh,

ar n-an-earbsa gu earbsa shìmplidh na' cloinne. 'Ghleidhidh è sinne bho thuisleadh' le sinne 'chumail "a' creidsinn" ànn-féin. Coimhididh è sinn o gach ribe, o gach olc, agus o gach nàmhuid a tha nis ag iadhadh umainn, le sinne a choimhead ann ar creidimh. Ma leanas sinn air creidsinn *ànn-san*, seasaidh sinn; ma sguireas sinn de chreidsinn, tuitidh sinn. Cha n-'eil teàruinteachd idir againn, ach amhàin ar "coimhead le Crìosd:" *ànn-san* agus *ànn-san* 'n a aonar, gheibh sinn dìdean, teàrmunn agus baile-dìoin: *ànn-san* tha sinn sàbhailt; ach amach á Crìosd, no gun cho-cheangal *rís-san*; tuitidh sinn air bàll ann an làmhan ar naimhdean.

6. Tha Dia ag ràdh gu'm "faighear sinn ann an Crìosd." *Philip*. 3. 9. Agus ciod a tha sin a' ciallachadh? 'Nuair a dh-ìarras Dia am peacach—am peacach teàruinte—air là mòr a' chùntais, gheibh è Crìosd amhàin; 'nuair a dh-ìarras è Pòl, gheibh è amhàin fear-ionaid Phòil, neach a's è Crìosd. Gun teagamh gheibh è sinne, ach càit? air ar pasgadh suas ann an Crìosd, agus air ar nochdadh dhà le Crìosd, ionnus nach é sinne, mar tha sinn annainn-féin, a gheibh è ach Crìosd féin. Agus mar bhitheas a' chuis so air là mòr a' bhreith eanais, gu cìnnteach bithidh ì air gach mionaid de bheatha gach creidimhich air thalamh. 'Nuair a thig an creidimheach fagus do Dhia, seallaidh Dia ris, agus their è, 'Cò thusa?'—an tùs' a leithid so de pheacach? Freagraidh an creidimheach agus their è, "Cha mhì,—tha mì air m' éideadh suas le fireantachd do Mhic, ionnus nach ànn òrm-féin a tha thus' ag amharc, a Dhé, ach air do Mhac féin!" Agus a thuilleadh air sin

their béul a' chreidimh, "A Dhé, mo sgiath, faic, agus amhairc air gnùis d' Aoin ùngta!" *Salm* 84. 9. Is ānn mar sin anis a "gheibhear ànn-san sinn, gun ar fìreantachd féin againn, a tha o'n lagh, ach an fhìreantachd a tha tre chreidimh Chriosd; an fhìreantachd a tha o Dhia tre chreidimh." *Philip.* 3. 9.

Mar sin, matà, chithear gur "è Criosd na h-UILE." Is è e-féin tigh-ionmhais mòr nan uile bheannachd—tigh-ionmhais anns am bheil mòr phailteas saor, gun tomhas—pailteas nach lughd-aichear gu bràth.

Gheibhear ann an Criosd gach uile ni air am bheil féum aig a' *pheacach*; oir is ānn airson *pheacach*, a tha na gheibhear *ànn-san*,—agus cha n-ānn idir airson nam fìrean: "Cha-n ann aig a' mhuinntir a tha slàn, 'tha feum air an léigh, ach aig a' mhuinntir a tha *euslan*." *Mata* 9. 12. "Thàinig Mac an duine a shireadh agus a thèar-nadh an ni sin a bha cailte." *Lùc.* 19. 10. 'Gabhaidh e *peacaich* d'a ionnsuidh, agus ithidh e maille riu'. *Lùc.* 15. 2. Faic a "ghras," agus an lànachd a ta ann. Is ānn aréir a ghràis, a tha è nis a' compàirteachadh a lànachd ris na féum-naich; agus is è gràs, mar tha am focal àluinn sin a' ciallachadh, gràdh do'n *mhuinntir neo-airidh*. Agus sin anis an gràdh leis an toirear do'n anam gach beannachd gu làn, gu saor, saoi bhir, gun chumha, gun duais, gun luach iarraidh air. An diùlt an gràdh so gach maith a thoirt? Cò do nach 'eil è toileach gach ni féumail a thoirt? Oir far an do mheudaicheadh am peacadh, is ānn a's mò a mheudaicheadh an *saor ghràdh* so; mar sin cha n-urrainn an cionta sin a's truime, céum

a' ghràidh so a chasgadh, no blàs a' ghràidh so 'fhuarachadh, a shaor obair a lughdachadh, no idir a thionndaidh gu naimhdeas.

Amach á Criosd cha n-'eil, agus cha n-urrainn a bhi ach ni a ta olc. Ann an Criosd tha gach maith air am bheil fèum aig an anam. Tha leòir anns-an air-son gach neach a's mò bochduinn. Tha lànachd ànn a lìonas suas easbhuidh an neach a's ainisiche. Bheir co-cheangal ri Criosd, tre chreidimh, làn choir agus seilbh dhuinn air an lànachd so uile,—no fosglaidh co-cheangal ris, sligh réidh do'n lànachd sin gu sruthadh amach òirnn, ionnus gu'm bi ì mar thobar a'sìor-sruthadh annainn. Seadh, mar sin, bithidh an t-anam air a shìor-ùrachadh leis an “uisge bheo.” Agus is ànn an uair a dh-fhosgailear ar sùilean, le àrd chumhachd an Spioraid Naoimh, a' drùigheadh air ar cridheachan, a chum an “saoibhreas dorànnsaichte” so 'fhaicinn agus meas a chur air, a thòisicheas sìth o Dhia ri sruthadh astigh air an anam. An sin, tuigidh sinn càit am bheil ar tigh-ionmhais. An sin, bithidh sin toileach a dhol an eisimeil a' phailteis a ta ann an Aon eile, chum ar n-uireasbhuidh a rìarachadh. Is feàrr leinn, is toilichte leinn gu mòr ar soithichean falamh a bhi air an lìonadh le Criosd, na idir sinn-féin oidhirp a thoirt air an lìonadh.

Mar sin, matà, is deadh sgéul an soisgeul—deadh sgéul mu Iosa Criosd, Mac Dhé; deadh sgéul ag innseadh dhuinn cò è, ciod è, agus ciod a rinn è. Is è Criosd “am Focal air a dheanamh 'n a fheadil.” Is è so an Tì sin a chuir Dia, an t-Athair, “ann an coslas feòla peacaich agus 'n a iobairt airson peacaidh.” Ròm. 8. 3. Is è so an

Tì sin a bha air a “thogail suas ;” air a chéusadh ; air a chur gu bàs ; air adhlaiceadh, ach dh’eirich è rìst air an treas là agus an déigh sin chaidh è suas air nèamh, agus shuidh è air deas làimh an Athar ; an sin, tha è beò gu sìorruidh gu eadar-ghuidhe a dheanamh air ar son. Anns na gnìomhraibh soilleir, simplidh sin, a dh-fhaodas leanabh a thuigsinn, tha soisgeul glòrmhor Dhé uile-bheannaichte.

Is iongantach an ni anns an deadh sgéul so gu’m bheil è gu leir mu thimchioll Iosa ; gun aon fhocal umainn-féin. Is ànn mu mbaitheas Chrìosd, agus cha n-ànn idir air ar maitheas-ne ’tha’n soisgeul a’ labhairt. Is ànn air gràdh Chrìosd dhuinn a tha’n soisgeul a’ toirt deadh sgéil dhuinn ; agus is è saoihbreas a ghràis a tha è nis a’ fosgladh suas dhuinn, ’g a sgaoileadh amach romhainn. Is è cùntas mu Chrìosd, agus nithe àraid m’a thimchioll—a Phearsa, a Bheatha, a Bhàs, ’Aiseirigh,—sin an Soisgeul ; agus *ge-b’è neach a chreideas an soisgeul so, is anam tearuinte an t-anam sin.*

Aréir sin, matà, ’nuair a chaidh na h-Abstoil amach ameasg nan cinneach, leis an teachdair-eachd sin a fhuair iad o Dhà, dh’innis iad do gach sluagh sgéul soilleir mu Iosa, agus na nithe sin a thachair m’a thimchioll. Agus is ànn air sin a rinn an Spiorad Naomh fianuis ann an ìompachadh mhiltean. Is è gràs, no saor ghràdh an Athar, a’ cur beatha anns na gnìomhraibh sin, a thug sìth do choguisibh dhaoine, an déigh dhoibh a bhì air an dùsgadh fo ghairm an t-soisgeil, agus is ànn le fantuinn anns a’ ghràs so—le gnàth ghreim ’g a dheanamh leo air an t-saor ghràdh so,

a bha an sìth air a cumail suas gun bhriseadh. B'iad na gnìomhran sin, na litrichean anns an robh gràdh an Athar air a sgrìobhadh. Bha iad mar ainm mòr dhoibh air a ghràdh; agus air dhoibh an t-ainm sin a chumail gu riochdail, ùrail, blàth, an còmhnuidh 'n an cridhe, bha aca tobar aoibhneis nach tréigeadh, geda b'iad "cinn-fheadhna nam peacach" roimhe sin. Ma bha an sìth air a crathadh ann an tomhas air-bith, is ānn a chionn gu'n do thog iad an cridhe air falbh o'n ghràs agus o'n t-saor ghràdh a thug sìth dhoibh air tùs, le eòlas 'fhaotuinn orra. Agus ma chaill iad an sìth uair sam-bith, agus gu'n d'iarr iad a h-aiseag d'an ionnsuidh, cha robh aca ri dheanamh ach pilleadh arìst a dh-ionnsuidh a' ghràis chéudna, agus a bhi cìnnteach nach robh atharrachadh sam-bith air lànachd a' ghràis sin, gu'n robh è cho làn agus cho éifeachdach 's a bha è 'nuair a dh'éisd iad ris air tùs, agus a chrcid iad anns an sgéul a thugadh dhoibh m'a thiomchioll. Bha fios aca gu'm bu leòr dhoibh a bhi "laidir anns a' ghràs, (is è sin an saor ghràdh,) a ta ann an Iosa Criosd :'' (2 *Tim.* 2. 1.) Agus "fàs ann an gràs agus ann an eòlas ar Tighearn' agus ar Slànuighir." 2 *Pead.* 3. 18. Is è sin ri ràdh fàs anns an t-saor ghràdh agus ann an eòlas *air-san* a bha ar aon 'n a Shlànuighear agus 'n a Thighearn dhoibh. B'e sin an tobar ás an robh iad gu bhi nis ag òl, cha n-ānn amhàin aig toiseach an aid-eachaidh, no an dràst 's arìst, ach gu seasmhach air gach là gu ruig an là mu-dheireadh de'n turus air thalamh. Cha b'ann aon uair, no 'nuair a ghabh iad eòlas air, agus a dhlùthaich iad ris, a bha iad gu bhi 'blasad gu'm bheil an Tighearn

gràsmhor, ach an còmhnuidh,—uair an déigh uair, gun sgur; oir cha b'urrainn ni sam-bith eile, ach an cleachdadh sin an anamanan a chumail ann an sìth, an togail suas ann an naomhachd; am beothachadh agus an daingneachadh ann an seirbhis an Tighearna, agus ann an giùlain freagarrach.

So aon de na dleasanasaibh mòra sin air am féum eaglais Dhé a sùil a chumail gu seasmhach an còmhnuidh. So dleasanas a tha gu tric air a dhearmad leis na naoimh, agus cha n-aithnichear idir è le peacaich neo-iompaichte. An lorg sin, thog Dia suas seirbhisich chomharraichte anns gach linn, a chum fianuis àraid a dheanamh air a' ghràs so.

Aig àm an Ath-leasachaidh chuir Dia an fhianuis so gu h-iongantach ann am beul *Lùtheir*. Thog è suas Luther air làithibh dorch, a chum an dorchadas a sgapadh, agus cridheachan an t-sluaigh a shoillseachadh le searmonachadh gu dìleas, trèun air an fhianuis so. Gheibhear Lùther, 'n a bhriathraibh sgrìobhta gu leir, a' labhairt air a' ghràs so, agus ag innseadh mar dh-fhéumas am peacach seasamh ann am fìreantachd an Fhìrionaid. Tha mòran gus an là an diugh ag òl às an lànachd a ta ann an teagasg Lùtheir. “Bi cìnnteach, O dhuine,” ars' an diadhair so, “nach iarrar le Criosd cuid, no tochradh air-bith maille ri 'chéile,—a bhean-phòsda, an eaglais,—gu dearbh cha n-'eil è idir ag iarraidh ni sam-bith leatha, ach amhàin bochduinn; cuiridh è sluagh saobhir air falbh falamh, ach ni è na bochdan saobhir. Mar is truaighe, mar is peacaiche, mar is trioblaidich' a gheibh 's a mheasas duine sam-bith e-féin,

is änn a's toiliche Criosd "air gabhail ris, agus air furtachd a thabhairt dà, ionnus, an uair a mheasas tu thu-féin neo-airidh, sin an uair air am bheil thu airidh da rìreadh; agus is è sin do bharantas a's feàrr gu teachd a dh-ionnsuidh Chrìosd. 'Thig, matà, guidheam ort, le dànachd gu rìgh-chaitir nan gràs, chum gu faigh thu tròcair, agus gu'n amais thu air gràs chum cabhair ann an àm feuma'."

Thugadh anns an ath linn, an déigh Lùtheir, iomadh fianuis shoilleir, shaor air gràs Dhé, agus air an lànachd a ta ann an Criosd, mar chithear anns an leabhar shònruichte sin d'an ainm "Smior na Diadhachd Nuaidh," air a sgrìobhadh le Imhear Fisher. Tha'n diadhair sin ag ràdh, "Bi làn chinnteach nach è am firean agus an duine diadhaidh, ach am peacach agus an duine mi-dhiadhaidh, a thàinig Criosd a ghairm, a dh-fhìreanachadh agus a theàrnadh, ionnus, na'm b'fhìrean, no duine diadhaidh thu, cha bu chomasach dhuit a bhi air do ghairm, air d' fhìreanachadh, no air do theàrnadh le Criosd; ach o'n is duine peacach agus mi-dhiadhaidh thu, is dàna domb a ràdh riut mar thuirt na deisciobuil ris an dall, Bartiméus, 'Bitheadh misneach agad, éirich; tha e 'g a d'ghairm.'" *Marc. 10. 49.*

Tha *Fisher* ag ràdh ann an àit eile de'n leabhar chéudna, "tha aithreachas soisgeulach, no aithreachas aréir teagaisg an t-soisgeil, a' leantainn creidimh, mar thoradh creidimh ann an Dia." Ach tha neach àraid a' faighneachd, "Ciod, aréir do bharrail-sa, anns am bheil aithreachas a' co-sheasamh? Tha neach eile 'freagairt so agus ag ràdh, "Do réir mo bheachd-sa tha aithreachas a'

co-sheasamh ann an duine e-féin irioslachadh 'am fianuis Dhé, bròn agus doilgheas a bhi air airson an oilbheim a thug è do Dhia, le peacachadh 'n a aghaidh, agus ann am pilleadh air falbh o pheacaidhean uile, agus teachd a dh-ionnsuidh an Tighearna."

"Agus," ars' an Soisgeulach, "an iarradh tu air duine sin a dheanamh uile gu fìrinneach, *mu'n* tàinig è dh-ionnsuidh Chrìosd tre chreidsinn ànn?"

"Gu dearbh dh-iarraidh!" ars' am Beul laghail, (*Legalist.*) "Is i mo bharail gu'm bu chòir dha sin a dheanamh uile."

"Matà," ars an Soisgeulach, "*innseam dhuit le fìrinn*, gu'n iarradh tu air nì a dheanamh nach gabh deanamh idir."

Tha Calbhìn ag ràdh, "Is còir a chuimhneachadh, gun teagamh sam-bith, gu'm bheil aithreachas, cha n-è mhàin a' dlù-leantuinn creidimh, ach a' fàs amach às. Cha n-urrainn duine aithreachas a dheanamh gu dùrachdach, mur bi fios aige air e-féin a bhi o Dhia. Ach cha n-urrainn duine sam-bith dearbh-bheachd a bhi aige gu'm bheil è o Dhia, no a' creidsinn ann an Dia, ach an duine sin a ghabh gràs Dhé."

Anns an ath linn an déigh *Fisheir*, dh'éirich *Boston*, na *h-Erscinich*, *Trail*, agus diadhairean eile, a' daingneachadh an teagaisg chéudna. "Thog iad sin fianuis air soisgeil gràis Dhé," a' dearbhadh gur saor ghràdh è do pheacaich,—do pheacaich mar *pheacaich*,—cha n-ann do pheacaich fo "làn mhothachadh" air am peacadh, no do pheacaich a tha nis "a' deanamh fìor aithreachais," no do pheacaich a ta air an "irioslach-

adh,"—ach do *pheacaich*; agus gur ànn, tre chreidsinn anns an t-saor ghràdh so, a théid sinn astigh do rìoghachd Chrìosd, Mac gràdhach Dhé.*

Beagan ùine an déigh sin, gheibhear *Romaine*, ùghdair eile, a' labhairt amach gu làn air an fhìrinn mhòir so,—“saoibhreas ro phailt gràis Dhé.” Tha'n t-ùghdair so ag ràdh ann an sgrìobhadh a dh-ionnsuidh aoin de na naoimh, a bha fo theagamh no imcheist. “Their thu mar so,”—“Tha mì dearbhte cheana do thaobh mo chreidimh, agus tha mo chridhe ag iarraidh e-féin a thilgeil gu léir air an Tighearn Iosa Chrìosd airson slàinte; ach ann an deanamh sin, gheibh mì fàilinn annam-féin an còmhnuidh, gheibh mì mì-féin a' sìor theachd gearr.” Cìod is ciall do'n réusanachadh sin! Nach 'eil sin a' dol calg-dhìreach an aghaidh spiorad an t-soisgeil! Cha n-'eil thus' a' sealltuinn ri Iosa, cuspair a' chreidimh, ach ri do chreidimh féin ànn. B'àill leat do shòlas a tharruinn, cha n-ànn o Chrìosd, ach o do chreidimh; agus a chionn nach 'eil thu nis a' faighinn do chreidimh làn choimhlionta, tha thu fo mhì-mhisneachd cho mòr, 'us ged nach bu Shlànuighear làn choimhlionta Iosa dbuit. Mo charaid gràdhach, is brònach so! thus' air do mhealladh le spiorad lùbach na daorsa so! Oir cìod è sin do ghnìomh-sa ann an creidsinn? An urrainn sin do theàrnadh? Am bheil thu gu bhì air do theàrnadh airson creidsinn? Ma thà, tha thus' a' cur ghnìomhran agus oibrean an àit an t-Slànuighir. Is è creidimh, *mar ghnìomh*, ann do shealladh-sa, pàirt de do shlàint. Tha thus' a' tionndaidh saor ghràis a' choimh-cheangail gu

* Faic an Leabhar do'n ainm, “The Old Gospel Way.”

obair, agus is è deadh dheanadas na h-oibre sin, stéidh do dhòchais. Nach uamhasach am mearachd sin, o nach 'eil slàint dhà-san a dh-oibricheas, ach dhà-san a chreideas.

“Tha thus' a' sealltuinn ri do ghnìomh féin ann an creidsinn. Ach carson so? Gu cinnteach is ànn a chum a bhi toilichte le do chreidimh, agus an déigh dhuit a bhi toilichte leis, ciod anis? Gun teagamh gabhaidh tu fois ànn agus air, 'g a do dheanamh féin toilichte nis gu'm bheil Criosd agad, a chionn gu'm bheil thu toilichte le do chreidimh. Mar sin, tha thus' a' deanamh Iosa dhe do chreidimh, agus air an dòigh sin a' toirt crùn nan crùn de 'cheànn, agus 'g a chur air ceànn do chreidimh. Gu'n deònaicheadh an Tighearn nach dean thusa sin gu brath tuilleadh.

“Leis a' pheacadh so, peacadh nam peacadh, caillidh tu gach sòlas milis ann an Dia gach sòlais. Caillidh tu na tha thu nis ag iarraidh, agus caillidh tu è leis an dòigh air am bheil thu 'g a iarraidh. Tha sòlas uait agus tha thu 'g a iarraidh ann do chreidimh. N'am b'urrainn creidimh labhairt, theireadh è, cha n-'eil sòlas agam-sa dhuit, seall ri Iosa, 's ann ANN-SAN a tha gach uile shòlas. Is ànn gu dearbh, mo charaid. Cha ghlòraich an Spiorad Naomh, an Comhfhurtair, do chreidimh. Cha chuir è onoir air le comhfhurtachd a thoirt dhuit-sa. Cha ghabh an Spiorad nì sambith a chum comhfhurtachd a thoirt leis ach nithe Chriosd,—agus cha n-ìad nithe Chriosd, mar tha ìad air an gnàthachadh leat-sa, ach mar tha ìad air an toirt le làimh an Tì sin a's leat-sa uile. Sin an leasan, thar leam, a tha è nis a' teagasg dhuit, ged tha thusa 'g a mhilleadh.

Tha è 'g a do tharruinn air falbh o bhi gu laghail a' sealltuinn ri do chreidimh. Is àill leis nach bitheadh tusa, mar bha thu roimhe so, fo chùram mì-fhreagarrach ciamar a chreideas tu ach gu'm bitheadh tu air do làn-shocrachadh ann an creidsinn. Bha mì fada ris an obair so, ach is ro bheag a dh'ionnsuich mì. Is urrainn mì mo leasan a ràdh ach an uair a thòisicheas mì ri 'chleachdadh, chì mì gur sgoileir neo-ghéur mì. Bha spiorad Iosa 'teagasg dhomh *mo shòlas a ghabhail cha n-ànn idir o'n dòigh a's feàrr air an creid mi ach o Iosa fein anns am bheil mis' a' creidsinn*; cha n-ànn idir o easbhuidh fàilinn air-bith ann an gnìomh mo chreidimh, ach o mo chridhe 'bhi stéidhichte air Iosa féin, mar àrd chuspair mo chreidimh, eadhon geda thachradh dhomh fàiliun 'fhaotuinn annam-féin.

Cha n-è creidimh ach Criosd; cha n-ì mo làmh, ach a n-ì a ghlacar le mò làimh, a n-ì mo theàrnadh. Cha n-ànn idir le sealltuinn ri creidimh, mar tha thus' a' deanamh, a gheibhear mòr chreidimh, ach le sealltuinn ris an t-Slànuighear féin; cha n-ànn le smuaineachadh *ciamar* a chumas tu greim air Criosd, a sheasas do chreidimh, ach le creidsinn gur leat-sa Criosd, agus gu'm bheil greim aige-san dhìot-sa, agus dhe do chreidimh mar-an-ceudna, agus uime sin, cha bhàsaich thus' a chaoidh, ach bithidh a' bheatha mhair-eannach agad.

An déigh dhomh na mearachdan sin a thoirt fainear ann do shealltuinn-sa ri gnìomh a' chreidimh, cha b'iongantach leam idir thus' a ràdh ann do litir, nach robh thu toilichte le do chreidimh agus an lorg sin, nach robh thu toilichte le do

staid, no le do ghràs, no le d' eòlas, no d'fhìrean-tachd. Is ànn a shaoil leat gu'n robh gach ni a' dol a'd' aghaidh. B'è sin, matà, teagasg an Spioraid fathast a'strì riut, ach tha thusa 'g a mhilleadh. Am bheil thu gun chuspair idir agad gu sealltuinn ris ach Iosa? Ro mhaith. Matà, seall thusa ri Iosa, agus bi air do theàrnadh. Am bheil thu air do thoirt gu fhaicinn nach 'eil ni sam-bith agad-féin air am faod thu d'anam a shocrachadh? Am bheil thu air do thoirt gu maitheas do chreidimh àicheadh mar ghnìomh? agus am bheil thu nis a' fiosrachadh nach urrainn thu idir a bhi air do theàrnadh le gnìomh do chreidimh? Ro mhaith matà; dean greim teánn air sin. Dlù-lean ri sin. Cha n-urraimn gràs mar ghnàthaichear è leat-sa nis, do theàrnadh. Lean ris an teagasg bheannaichte so, agus dlù-lean ris an Tighearn Iosa le rùn cridhe. Féumaidh tu ionnsuchadh gur è Iosa *na h-uile* ann do shlàint. Is *esan* a dh-fhéumas do shaoradh o do chreidimh cho maith 'us o do mhì-chreidimh; tha creidimh, mar tha thus 'g a ghnàthachadh, làn peacaidh. Na'm bitheadh an gnìomh a's feàrr agus a's àirde 'nì do chreidimh, air a chothromachadh ann am meidh an ionaid-naoimh, bhitheadh tu toiltinn-each air mìle bàs air a shon. Gheibhteadh truailleidheachd cho mòr ànn, ionnus nach b'urraimn thus' a dhol às o mhallachd na h-ifrinn. Seall mu-n-cuairt duit-féin, matà. Tog do shùilean de ghnìomhraibh do chreidimh. Seall ri Iosa. Bitheadh sùil agad ri 'bhi air d'fhàilteachadh le Iosa mar pheacach bochd, truagh, ach cha n-ànn idir air sgàth meud, no àirde do chreidimh. Thig gu bhi air do theàrnadh o do chreidimh

mar ghnìomh. Lean Iosa, oir tha do shlàint uile air a tasgadh suas *ànn-san*. Gabh sòlas *uaith-san*. Faic thu-féin *ànn-san*. Earb *ànn-san*, cha n-ànn idir annad-féin, no ann do ghnìomhraibh féin, no ann an créutair air-bith. Ionnsuich spioradan aithneachadh, agus aithnich teagasg nèamhaidh, a' tuigsinn gu'm bheil gach nì, a nithear a chum d'irioslachadh, a' teachd o fhear-glòrachaidh an t-Slànuighir."

Tha ùghdair* eile, a labhair gu pailt air an fhìrinn so, ag ràdh, "Ma bhitheas neach làn-dearbhta 'n a inntinn, gur è Iosa an t-aon Slànuighear, agus gu'm bheil slàint shaor iomlan *ànn-san*; ma tha dearbh-bheachd aige gu'n d'rinn Criosd gu leòr, a' faicinn gu'm bheil gu leòr air fhoillseachadh dhuinn, a chum bōnn dòchais dìreach, soilleir, làn a thoirt do gach neach, gu cìnnteach féumaidh sin aoibhneas a chur air a chridhe, sìth a thoirt d'a choguis, agus misneachd 'us muinighin a thoirt dà ann an Dia. Ach mur 'eil dearbh-bheachd, no làn chìnnteach aig neach air na nithibh sin, tha è soilleir mar sin, gu'm bheil cùl-earbsa, no gaoid 'n a chreidimh, ni-eigin mearachdach a' ruith 'n a inntinn, a' smuaineachadh gu'm féum è fios 'fhaotuinn air nì air-chor-eigin eile, chum furtachd a thoirt dà, seach na tha'n soisgeul a' foillseachadh, seach na rinn Criosd a chum slàint a thoirt do pheacaich.†

* The Author of "Brief Thoughts on the Gospel," who wrote much about the same time as Mr Romaine.

† "Gheibhear, mar tha'n t-ùghdair céudna ag ràdh ann an àit eile, "deigh ann an cuid, ag iarraidh an nì ris an abrar gnìomh fireanachaidh a' chreidimh 'fhosgladh suas doibh, a

Mar sin, matà, is “deadh sgéul” an soisgeul; deadh sgéul mu thimchioll Chrìosd, cha n-ànn idir umainn-féin; agus an neach a ta nis a’ creidsinn gu ceart anns an deadh sgéul so, tha è air a theàrnadh, agus tha a’ bheatha mhaireannach aige.

chum làn fhios ’fhaotuinn air an còir àraid féin, ach is ànn o mhiann mi fhreagarrach air eòlas fiosrachaidh amhàin, a tha’n déigh so a’ sruthadh.” Tha mòran ag iarraidh fios air nithibh nach ’eil òrduichte dhoibh le Crìosd, no tha iad ag iarraidh a bhi glic os-ceann na tha sgrìobhta, ’nuair a b’fheàrr dhoibh gu mòr gabhail gu toileach ri Crìosd aréir ’fhocail féin.



